

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Eilean Phabaigh (2)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,222. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 918 corresponds to Litir 1,222. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Anns an Litir mu dheireadh, bha mi ag innse dhuibh mu dhà eilean faisg air ceann a deas an Eilein Sgitheanaich – Pabaigh agus Scalpaigh. Air mapa Bhlaeu on t-seachdamh linn deug, tha dà ainm-àite ann an Scalpaigh, ach chan eil gin ann am Pabaigh – ged a tha an t-eilean sin beag, ceart gu leòr.

Tha beagan chraobhan ann an Scalpaigh agus tha eileanan beaga eile air a' mhapa air nach eil craobh sam bith. Ach, a rèir Bhlaeu, bha Pabaigh aig an àm sin làn chraobhan. A bheil fianais sam bith eile ann gur e eilean coillteach a bh' ann?

Gu fortanach, tha. Anns an t-siathamh linn deug, sgrìobh pears-eaglais ainmeil gearr-thuairisgeul dhen eilean. B' esan an t-Urramach Dòmhnall Rothach a bhuineadh do Chill Tighearn ann an Taobh Sear Rois. Ann an còig ceud deug, fichead 's a sia (1526), ghabh e dreuchd mar mhinistear ann an Sniothasort (anns an Eilean Sgitheanach) agus ann an Ratharsair – nach eil fada bho Phabaigh. **An ceann tìde**, fhuair e dreuchd mar 'Ard-dheadhan' anns 'na h-Eileanan' agus sgrìobh e làmh-sgrìobhainn fon tiotal '*Description of the Western Isles of Scotland*'.

Tha an Rothach ag innse dhuinn gum buineadh Pabaigh do Chloinn 'ic Fhionghain. Sgrìobh e gun robh an t-eilean làn chraobhan – a' toirt dhuinn fianais gun robh dealbh firinneach aig Blaeu ceud bliadhna an dèidh sin. Tha e coltach gun d' fhuair Blaeu a chuid fiosrachaidh bhon chàirt-iùiliche, Timothy Pont. Bha Pont a' cruinneachadh ainmean-àite aig deireadh an t-siathamh linn deug agus toiseach an t-seachdamh linn deug. Feumaidh gun robh Pabaigh coillteach aig an àm sin.

A bheil sin a' ciallachadh nach robh duine a' fuireach anns an eilean? Chan eil, oir sgrìobh an Rothach gun robh Pabaigh na thèarmann do mhèirlich agus spùinneadairean. Feumaidh gun robh a leithid de dhaoine a' fuireach ann bho àm gu àm, mura robh iad ann fad na h-ùine.

Chan e Pabaigh an aon eilean anns an nàbachd a bha ainmeil airson spùinneadairean. Sgrìobh an Rothach gun robh daoine dhen aon seòrsa stèidhichte anns an Acarsaid Mhòir ann an Rònaigh, tuath air Ratharsair.

Anns an leabhar aige '*Pabay: An Island Odyssey*', tha Christopher Whatley ag ràdh gur e àite math a bhiodh ann airson spuinneadairean-mara. Leis gu bheil an t-eilean ìosal, faodaidh duine seasamh ann an aon àite agus gheibh e sealladh fada ceithir-thimcheall air. Nuair a chitheadh iad soitheach a' tighinn, dh'fhaodadh na Pabaich eathar a thoirt a-mach bhon eilean airson ionnsaigh a thoirt. Bhiodh iad a'

tilleadh, agus bhiodh e doirbh do dhaoine an leantainn tro na sgeirean a tha timcheall an eilein. Nuair a bha iad anns an eilean, bhiodh na spùinneadairean a' dol am falach anns a' choille.

Carson nach do mhair a' choille? An do chuir feadhainn às dhi air sàillibh an spùinnidh? Chan eil Christopher Whatley a' toirt beachd air sin. Ach tha e ag innse dhuinn gun robh a' choille air a dhol à bith dà cheud bliadhna an dèidh sin. Thadhail an Cuimreach, Tòmas Pennant, air an Eilean Sgitheanach ann an seachd ceud deug, seachdad 's a dhà (1772). Sgrìobh e gun robh Pabaigh 'uaine' (mar gun robh e còmhdhaichte le feu) ach gun robh e air a bhith na thèarmann do mhurtairean anns an t-seann aimsir.

* * * * *

Faclan na Litreach: Sniothasort: *Snizort*; Ratharsair: *Raasay*; Ard-dheadhan: *High Dean*; làmh-sgrìobhainn: *manuscript*; coillteach: *wooded*; spuinneadairean-mara: *pirates*; Cuimreach: *Welshman*.

Abairtean na Litreach: chan eil gin ann am Pabaigh: *there are none on Pabay*; bha Pabaigh aig an àm sin làn chraobhan: *Pabay was at that time full of trees*; a bheil fianais sam bith eile ann gur e eilean coillteach a bh' ann?: *is there any other evidence that it was a wooded island?*; anns an t-siathamh linn deug, sgrìobh pears-eaglais ainmeil gearr-thuairisgeul: *in the sixteenth century, a famous churchman wrote a brief account*; an t-Urramach Dòmhnall Rothach a bhuineadh do Chill Tighearn ann an Taobh Sear Rois: *the Reverend Donald Monro who belonged to Kiltarn in Easter Ross*; gum buineadh Pabaigh do Chloinn 'ic Fhionghain: *that Pabay belonged to Clan Mackinnon*; a' toirt dhuinn fianais gun robh dealbh firinneach aig Blaeu ceud bliadhna an dèidh sin: *giving us evidence that Blaeu had a true picture a hundred years after that*; gun d' fhuair X a chuid fiosrachaidh bhon chairt-iùiliche: *that X got his information from the cartographer*; sgrìobh an Rothach gun robh Pabaigh na thèarmann do mhèirlich agus spùinneadairean: *Monro wrote that Pabay was a refuge for thieves and cut-throats*; feumaidh gun robh a leithid de dhaoine a' fuireach ann bho àm gu àm: *it must be that people of that type were living there intermittently*; mura robh iad ann fad na h-ùine: *if they weren't there permanently*; stèidhichte anns an Acarsaid Mhòir ann an Rònaigh, tuath air Ratharsair: *based at the Acarsaid Mhòr 'big harbour' on Rona, north of Raasay*; gheibh e sealladh fada ceithir-thimcheall air: *he'll get a long view on all sides*; nuair a chitheadh iad soitheach a' tighinn: *when they would see a vessel coming*; dh'fhaodadh na Pabaich eathar a thoirt a-mach airson ionnsaigh a thoirt: *the Pabay folk could take out a small boat to [make an] attack*; 'uaine' (mar gun robh e còmhdhaichte le feu): *'verdant' (as if it were covered in grass)*.

Puing-chànain na Litreach: **carson nach do mhair a' choille?:** *why did the wood not last?* The particle 'do' here tells us that this is a past tense construction. Cha do mhair i fada 'it didn't last long'. Note the difference with the future tense: am mair a' choille 'will the wood last?'; mairidh gaol is ceòl 'love and music will last [forever]'.
Gnàthas-cainnt na Litreach: An ceann tìde: *eventually (at the end of a period of time)*.

Tha "Litir do Luchd-ionnsachaidh" air a maoineachadh le MG ALBA